



Carraighean Clàraichte

STIÙIREADH AIRSON SEALBHADAIREAN,
LUCHD-CÒMHNADH AGUS MANAIDSEARAN



Ìomhaighean còmhdaich: àrd clì © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin Alba Aosmhor; gu h-iseal clì agus deas © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin RCAHMS.

Ìomhaighean eile uile © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin Alba Aosmhor nas lugha na tha e air a chaochladh.

RO-RÀDH

Tha làraichean àirseachail agus carraighean mar phàirt dhen ìomhaigh nàiseanta agus ionadail againn. Tha iad a' cur ri ar cuid eachdraidh agus foghlaim, turasachd, seasmhachd, sònrachadh ionadail, dèanamh-àite agus càileachd beatha. Is e stòras crìochnach agus nach gabh ùrachadh a th' ann le fiosrachadh sònraichte agus a tha mar sgàthan air beathannan dhaoine a bha a' fuireach ann an Alba thairis air na 10,000 bliadhna mu dheireadh.

Tha clàradh a' dìon na h-eisimpleirean as cudromaiche dhe na carraighean seo, a tha gu math tric breòite agus ann an cunnart, airson maith na dùthcha. Tha Alba Aosmhor, buidheann-ghnìomha de Riaghaltas na h-Alba, a' moladh gum bu chòir carraighean a chlàradh, gu gnìomhail a' brosnachadh stiùireadh adhartach charrighean clàraichte agus a' cumail smachd air obair riutha tron dòigh-obrach cead laghail.



Tha Alba Aosmhor a' tairginn fiosrachadh, comhairle mion-eolach agus taic.

Tha carraighean àirseachail a' tairginn ceangal susbainteach, fìsiceach ris an àm a chaidh seachad.




CARRAIGHEAN CLÀRAICHTE

Is e a th' ann an carragh clàraichte ach carragh le cudromachd nàiseanta a tha air dìon laghail fhaighinn bho mhinistearan Albannach fo Achd Charraighean Àrsaidh agus Sgìrean Àirseachail 1979.

Am measg nan carraighean a chaidh a chlàradh bho chionn ghoirid tha làraich ghunnachan an Dara Cogaidh bhon 20mh linn.

Tha na h-eisimpleirean as tràithe air am fàgail bho eadar 8,000–6,000 bliadhna air ais.

Tha cuid de làraichean àirseachail agus carraighean leithid tuim tiodhlacaidh agus cearcaill chloiche ro-eachdraidheil, daingnichean Ròmanach, tobhtaichean caisteil agus na tha air fhàgail de ghearsdain airm bhon 20mh linn follaiseach rim faicinn. Tha feadhainn eile nach eil cho follaiseach a chionn 's nach eil iad a' fàgail làrach air uachdar na talmhainn.



Ged a tha a' mhòr-chuid de charraighean clàraichte air tìr, tha àireamh bheag nan laighe fon mhuir.



Faodaidh treabhadh fad-ùine a bhith air comharran uachdrach làraichean a thoirt air falbh. Ach, faodaidh cuid de shuidheachaidhean, leithid tart, ciallachadh gum faicear làraichean bhon adhair an luib bàrr a tha a' fàs (comharran-bàrr mar a theirear riutha). © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrìin RCAHMS.

CLÀRADH

Tha Achd Charraighean Àrsaidh agus Sgìrean Àirseachail 1979 a' toirt cumhachdan do Mhinistearan Albannach Clàr de charraighean aig a bheil cudromachd nàiseanta a chur ri chèile agus a chumail suas. Is e a th' ann an clàradh ach am pròiseas far a bheil carraighean air an cur ris an clàr seo.

Tha Alba Aosmhor a' dèiligeadh gu dìreach ris a h-uile gnothach a tha a' toirt buaidh air carraighean clàraichte, às leth Ministearan na h-Alba. Tha an co-dhùnadh deireannach a thaobh na tha air a chlàradh a' laighe le Alba Aosmhor.

Tha a' chuid as motha de chlàradh a' tachairt mar phàirt de phrògram leantainneach a tha ag amas air na pàirtean sin de dh'Alba a tha, a rèir choltais, fo-riochdaichte, agus far an dèan clàradh diofar adhartach nas luaithe.

Tha Alba Aosmhor a' dèanamh measadh air carraighean mu choinneamh stiùireadh agus slatan-tomhais a tha air an cur a-mach leis na Ministearan Albannach. Tha seo a' gabhail suim de roghainn farsaing de bhuidheannan, nam measg ealanach, àirseachail, ailtireil, eachdraidheil, traidiseanta, mothachail, saidheansail agus sòisealta.



Chan fheum carraighean a bhith sgeadaichte no maiseach airson a bhith cudromach.

Chan e an aon rud a tha ann an clàradh carraighean ri clàradh toglaichean. Tha Alba Aosmhor a' clàradh toglaichean bho pròiseas liostadh, a tha air a dhealbh airson togalaichean agus structaran eachdraidheil a dhìon agus a tha mar phàirt de dhòigh-obrach lagh tur eadar-dhealaichte. Ach, tha na dhà a' tairginn bunait airson dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh atharrachadh air a dheagh fhiosrachadh.



Crichton, caisteal clàraichte ann am Meadhan Lodainn.



Ann an cuid a chùisean tha an sgìre sa bheil ùidh agus cudromachd, agus mar sin an sgìre chlàraichte, a sìneadh seachad – uaireannan gu math fada seachad – air na tha gu follaiseach air fhàgail

Tha barrachd fiosrachaidh mu bhith a' dìon charraighean cudromach nàiseanta na h-Alba ri fhaighinn ann am Poileasaidh Arainneachd Alba Aosmhor.

DÒIGH-OBRACH CLÀRAIDH

Cuiridh sinn air dòigh tadhal air an làrach agus mìneachadh dè a th' ann an clàradh agus dè na builean a bhios aige. Goirid às dèidh dhuinn tadhal, sgrìobhaidh sinn a ràdh a' bheil no nach eil sinn am beachd an làrach a mholadh airson clàradh agus, ma tha, cuiridh sinn làn fhiosrachaidh mun mholadh chun an t-sealbhadair agus neach-còmhnaidh.



Tha sealbhadairean agus luchd-còmhnaidh cuideachd a' faighinn mapaichean a' sealltainn meud nan sgìrean clàraichte. Àir. Ceadachd Alba Aosmhor 100017509 [2008].

Faodaidh sinn carragh a dhì-chlàradh mura bheil e tuilleadh a' tighinn a rèir a' chàileachd a thathar a' sùileachadh airson clàradh ùr-nodhach, mar eisimpleir ma tha ar tuigse mu bhrìgh làraich no seòrsa carragh sònraichte air atharrachadh le fiosrachadh ùr.

Tha sinn cuideachd a' cur fios chun an ùghdarrais dealbhaidh ionadail a chionn 's gum feum iadsan aire shònraichte a thoirt do charraighean clàraichte fo riaghailtean dealbhaidh. 'S e pròiseas leantainneach a th' ann an clàradh. Tha sinn a' measadh agus ag ath-mheasadh a h-uile carragh mar a tha an t-eòlas agus an tuigse againn air na tha a' maireachdain agus cho cudromach 's tha e a' fàs, agus mar a tha gach ginealach a' cruthachadh barrachd arceòlais.

Mar as trice tha carragh air a chlàradh gu bràth. Ach, 's dòcha gum feum sgìrean clàraichte atharrachadh mar a tha sinn a' togail barrachd eòlais.



Tha Alba Aosmhor a' cur air dòigh airson tadhal air làraichean agus measadh a dhèanamh air a' bhrìgh aca.


A' FAIGHINN A-MACH NA THA AIR A CHLÀRADH

Mar a' bhuidheann ainmeachaidh, tha fiosrachadh làithreach air carraighean a tha sa Chlàr ri fhaotainn bho làrach-lìn Alba Aosmhor <www.historic-scotland.gov.uk/searchmonuments>. An-seo faodaidh tu lethbhreacan dhe na sgrìobhainnean laghail a tharraing a-nuas airson gach carragh clàraichte, a thuilleadh air faighinn a-mach mu sheòrsachan ainmeachaidh eile, leithid toglaichean air an liostadh.

Mura bheil dòigh agad air faighinn chun an eadar-lion faodaidh tu am fiosrachadh seo iarraidh bhuainn gu dìreach.

Tha sgrìobhainnean clàraidh cuideachd rim faotainn do neach sam bith a tha a' rannsachadh Clàr nan Sasines no Clàr an Fhearainn airson tiotal togalaich.

Tha Alba Aosmhor cuideachd a' foillseachadh a chuid fiosrachaidh air PASTMAP <www.pastmap.org.uk>, làrach-lìn a chaidh a leasachadh còmhla ris a' Choimisean Rìoghail air na Carraighean Eachdraidheil is Àrsaidh an Alba, far am faod thu rannsachadh airson fiosrachadh mu àrainneachd eachdraidheil na h-Alba bho dhiofar stòrasan.



Earrann bho làrach-lìn PASTMAP, ìomairt eadar Alba Aosmhor agus an Coimisean Rìoghail air na Carraighean Àrsaidh agus Eachdraidheil airson Alba. © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin. Air. Ceadachd Alba Aosmhor 100017509 [2008].

NA CÒRAICHEAN AGUS NA H-UALLAICHEAN AGAD

Tha sealbhadairean, luchd-còmhnaidh agus manaidsearan cudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum mair carraighean clàraichte agus nì ur cuideachadh ann a bhith a' dìon nam fuighlichean seo tabhartas luachmhòr ri Alba san àm ri teachd.

Tha carragh clàraichte a' fuireach ann an ainm an t-sealbhadair. Aon uair 's gu bheil an carragh air a chlàradh, feumar cead sgrìobhte Ministearan na h-Alba fhaighinn airson a' chuid as motha de dh'obraichean, nam measg obair càraidh. 'S e cead carragh clàraichte a theirear ris an seo (CCC) (faic earrann air tagradh airson CCC, gu h-ìseal).

Tha pròiseas laghail ris an canar ceadan clas a' ceadachadh obraichean sònraichte às aonais feum airson CCC. Mar eisimpleir, ma bha treabhadh ga dhèanamh air a' charragh anns na deich bliadhna suas mus deach a clàradh, faodaidh treabhadh dhen aon t-seòrsa cumail air às aonais CCC.

Ach, chan eil a h-uile gnìomh àiteachais air a chòmhdach gu nàdarra le ceadan clas. Tha e cudromach mothachadh gum feum atharrachaidhean leithid treabhadh nas duimhne, obair fon sgrath agus obraichean drèanaidh CCC, ach chan fheum atharrachadh bho treabhadh gu ìonaltradh.



Faodaidh fianais àirseachail maireachdain dìreach fon talamh treabhaidh agus tha e mar sin ann an cumart a rèir atharrachaidhean ann an cleachdadh fearainn. © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrìùn RCAHMS.

Tha Alba Aosmhor a' brosnachadh stiùireadh gnìomhail de charraighean. Faodaidh sinn cuideachadh le bhith a' tairginn comhairle, tabhartasan agus le bhith a' dèanamh còrdaidhean stiùiridh (faic earrann air gabhail cùram airson carraighean, gu h-iseal).

Is e aineolas an cunnart as motha dhan dualchas àirseachail againn. Tha làraichean air am milleadh no air an leigeil bhuaithe a chionn 's nach eil fios aig daoine gu bheil iad ann, cho cudromach 's tha iad no na gnìomhan a dh'fhaodas milleadh adhbhrachadh.

Mar sin tha e gu sònraichte cudromach dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a tha ag obair air an fhearann agad (nam measg cùnnradair, nach bidh cho eòlach air comharran ionadail) mothachail air làthaireachd, meud fearainn agus luach charraighean clàraichte. Ma tha thu a' ceadachadh obair a nì cron air carragh clàraichte, faodaidh tu a bhith buailteach gu laghail.



Feumaidh tu cead sgrìobhte ro làimh bho Mhinistearan Albannach airson sgrùdadh meatailt a dhèanamh air làrach clàraichte. © Dlighe-sgrìobhaidh Daibhidh Connolly.

Iarraidh luchd-sgrùdadh meatailt chiallach cead daonnan air uachdarain mus dèan iad obair sam bith air an fhearann aca, agus seachnaidh iad làraichean a tha air an dìon gu laghail no gnìomhan a dh'fhaodadh cron a dhèanamh air àiteachan frionasach. Bheir fiosrachadh dhaibh mu inbhe laghail an fhearainn agus stiùir iad gu Alba Aosmhor. Mura gabh iad feairt, no ma thòisicheas iad

air obair às aonais cead fhaighinn, agus ma tha thu a’ smaointinn gu bheil iad air raon clàraichte, cuir fios air a’ phoileas no Alba Aosmhor. (Tha stiùireadh fa leth aig Alba Aosmhor mu dheidhinn sgrùdadh meatailt, carraighean clàraichte agus an lagh.)

Ma tha thu a’ reic, tha e cuideachail fios a thoirt dhan neach a dh’fhaodadh ceannach gu bheil carragh clàraichte air an fhearann agad, agus rèiteachadh a dhèanamh airson na sgrìobhainnean clàraidh a thoirt seachad dhan uachdaran ùr; tha seo a’ cuideachadh gu dèanamh cinnteach gu bheil dìon leantainneach air a’ charragh. Tha Alba Aosmhor a’ gleidheadh fiosrachadh mu dheidhinn sealbhadairean agus luchd-còmhnaidh ann an stòr-data. Feuch gun leig sibh fios thugainn mu atharrachaidhean ann an sealbhadaireachd no luchd-còmhnaidh gus an tèid againn air na clàran eileagtronaigeach againn a chumail

suas, agus seann fhiosrachadh pearsanta a dhubhadh a-mach.

Ma tha thu a’ ceannach, bu chòir dhan neach-lagh agad faighinn a-mach mu dheidhinn làthaireachd carragh clàraichte tro Chlàr nan Sasines no Clàr an Fhearainn. Tha am fiosrachadh cuideachd ri fhaighinn saor san asgaidh air an eadar-lìon tro PASTMAP <www.pastmap.org.uk>.



Eisimpleir de leac shamhlachail Chruinneach bhò sgìre Aonghais.

A' CUR A-STEACH AIRSON CEAD CARRAGH CLÀRAICHTE

Is e an ro-bheachd a thaobh clàradh gum bidh obraichean sam bith san àm ri teachd aig an ìre as lugha a tha riatanach cunbhalach ri bhith a' dìon gleidh a' charragh.

Tha thu a' cur a-staigh airson CCC le bhith a' lìonadh foirm a tha ag iarraidh fiosrachadh mun charragh, an sealbhadair ('s dòcha nach e am fear a tha ag iarraidh cead) agus na h-obraichean a tha san amharc. Tha am foirm ri fhaighinn air làrach-lìn Alba Aosmhor no bho Luchd-sgrùdaidh Alba Aosmhor. Bu chòir dhut fiosrachadh gu leòr a thoirt seachad a bheir tuigse mun obair a tha san amharc agus a' bhuidhe a bhios aca air a' charragh, le map a' sealltainn làrach nan obraichean. Tha e nas fheàrr bruidhinn mu dheidhinn na molaidhean agad ris an neach-sgrùdaidh sgìre mus cuir thu tagradh a-steach airson cead. Chan eil Alba Aosmhor ag iarraidh pàigheadh sam bith airson tagraidhean no comhairle.



Tha Alba Aosmhor a' brosnachadh còmhraidhean tràth mu dheidhinn obraichean sam bith a tha san amharc.

Mur a bheil am fearann leat, feumaidh tu fios a thoirt dhan uachdaran gu bheil thu a' cur a-steach airson cead.

Feumaidh tu fhathast CCC ma tha thu a' feuchainn ris an carragh a chàradh no a dhìon. Tha e furasta cron a dhèanamh air carragh le gnìomh far a bheil deagh rùn ach droch fhiosrachadh air a chùl. Tha am pròiseas tagraidh ceadachd a' toirt cothrom do Alba Aosmhor comhairle eòlach fhoirmeil a thoirt seachad.

Mar eisimpleir, feumar cead sgrìobhte airson craobhan a leagail aig carragh clàraichte. Tha feum air cead cuideachd airson craobhan a chur no airson obair deasachaidh talmhainn, rud a dh'fhaodadh cron a dhèanamh air a' charragh. Mar as trice 's fheàrr le Alba Aosmhor carraighean clàraichte a thoirt a-mach à coillteireachd, ma nochdas an cothrom. Ma tha sgìre chraobhach a' riochdachadh comharra tìre aig a bheil cudromachd shònraichte, faodar beachdachadh air atharrachadh aon-airson-aon, ach feumaidh seo fhathast cead.

Ma tha sinn ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh, iarraidh Alba Aosmhor ort seo a chur a-steach mus ruighinn sinn co-dhùnadh. 'S dòcha gun tadhail ball dhen luchd-obrach againn air an làrach mar phàirt dhen mheòmhachadh mionaideach againn gus sgrùdadh a dhèanamh air an làrach agus/no bruidhinn mun tagradh. Bruidhnidh Alba Aosmhor ris an t-sealbhadair (ean) eile mura tusa an aon t-sealbhadair.

Cuiridh Alba Aosmhor an uair sin a-mach ro-bheachd chun an tagraiche agus buidhnean ùidheil eile (mar as trice air taobh a-staigh còig seachdainean às dèidh an tagradh fhaighinn): cead tabhartas, cead tabhartas le cùmhnantan, no diùltadh cead. Nas lugha na tha gearanan ann, leanaidh an làn chead 28 latha às dèidh seo.

Thathas a' beachdachadh air gach tagradh air airidheachdan fhèin. Ged nach eil tagradh ann an aghaidh clàradh, ma tha Alba Aosmhor dhen bheachd CCC a dhiùltadh, faodaidh an tagraiche iarraidh gun tèid a' chùis a chluinntinn le neach-aithris neo-eisimeil. Tha an co-dhùnadh deireannach an uair sin air a ghabhail le Ministearan na h-Alba às aonais dol an sàs sam bith eile bho Alba Aosmhor.

Tha neach sam bith a ghabhas os làimh obraichean gun chead no a leigeas le

obraichean gun chead air adhart air carragh clàraichte ciontach air eucoir. Tha obraichean air am mìneachadh mar: rud sam bith a leagas no a sgriosas carragh clàraichte; obair sam bith le adhbhar cur às no càradh a dhèanamh air carragh clàraichte; no obraichean tuiteach no còpaidh sam bith. Ma tha teagamh ort, faigh comhairle bho Alba Aosmhor.

Ma tha carragh an dà chuid air a liostadh agus clàraichte, chan fheumar ach cead CCC airson obair sam bith. Ach, 's dòcha gum bidh feum fhathast air cead Togalach Chlàraichte airson structairean sam bith air taobh a-muigh an sgìre clàraichte. Bidh an t-ùghdarras ionadail agad air chomas comhairle a thoirt dhut.

Tha barrachd fiosrachaidh mun phròiseas seo ann am Poileasaidh Àrainneachd Alba Aosmhor.



Saor-thoilich a cuideachadh gus glasaich chummartach a ghlanadh bho dhùn ro-eachdraidheil.

CÙRAM AIRSON CARRAIGHEAN CLÀRAICHTE

Tha mòran charraighean clàraichte seasmhach agus mar sin chan eil feum aca air cus aire, ach gheibh cuid dhiubh buannachd bho atharrachaidhean sìmplidh ann an cleachdadh fearainn a nì cinnteach nach èirich cron sam bith gun fhiosta. Gheibh feadhainn eile buannachd bho bharrachd stiùireadh for-ghnìomhach a bhios uaireannan a' cur feum air sgilean sònraichte glèidhteachais. Gu math tric tha sealbhadairean agus luchd-còmhnaidh a' faighneachd dhuinn am feum iad feansa a chur timcheall carragh clàraichte. 'S e am freagairt nach fheum, ged a dh'fhaodas seo ann an suidheachaidhean sònraichte cuideachadh gus an làrach a dhìon bho chron le beathaichean, ach an uair sin 's dòcha gum feumar smachd a chumail air glasaich.

Tha Prògram Thabhartasan Làraich Àrsaidh Alba Aosmhor a' tairgsinn taic ionmhasail gus cuideachadh le dìon gleidh is cumail suas charraighean, agus ann an cuid de shuidheachaidhean gan taisbeanadh ris a' phoball. Tha sealbhadairean charraighean, stiùirichean fearainn no buidhnean eile a tha ag obair le cead sgrìobhte an t-sealbhadair airidh air tabhartasan.

Tha an luchd-faire charraighean againn a' tadhal air làraichean clàraichte agus na sealbhadairean aca gu math cumbhalach. Tha iad a' toirt sùil air staid na làraich, a' tairgsinn comhairle air stiùireadh carragh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh aig neach sam bith le ùidh làithreach san làrach mu dheidhinn a cuid dìon.

Ma tha trioblaidean sònraichte ann, neo nach urrainn dhan neach-faire ceistean mionaideach a fhreagairt, cuiridh an neach-faire air dòigh gun tadhail neach-sgrùdaidh sgìre bho Alba Aosmhor. Faodaidh sealbhadairean agus luchd-còmhnaidh fios a chur thugainn airson comhairle uair sam bith.



Faodaidh taic a bhith ri fhaotainn airson obair a tha gu buannachd staid na làraich no a chuireas ri cuid maireannachd san fhad-ùine.

LUCHD-TADHAIL

Chan eil clàradh a' toirt còraichean poblach faighinn a-steach agus chan eil Alba Aosmhor a' brosnachadh ruigsinneachd airson carraighean clàraichte a tha fo shealbh prìobhaideach. Bu chòir do bhuill dhen phoball cead iarraidh daonnan bhon t-sealbhadair agus/no neach-còmhnaidh anns an dòigh àbhaisteach. Tha còir faighinn a-steach aig oifigearan a tha air an ainmeachadh le Minsitearan na h-Alba gu carraighean clàraichte sam bith far am feum iad faighinn a-steach gu deatamach no airson sgrùdadh a dhèanamh air a' charragh, ach a-mhàin às dèidh a h-uile oidhirp reusanta a dhèanamh gus fios a leigeil chun an t-sealbhadair no an neach-còmhnaidh an toiseach.

Tha e eu-coltach gun adhbharraich clàradh meudachadh ann an àireamh luchd-tadhail. Tha e ag aithneachadh cudromachd a' charraigh agus an inbhe dìon laghail, ach chan eil e a' toirt cead a bharrachd don phoball faighinn a-steach (faic gu h-àrd).

Chan eil clàradh a' toirt inbhe shònraichte sam bith do dh'arceòlaichean a thaobh a bhith a' faighinn thuige, no a bhith ag obair air talamh prìobhaideach. Gu dearbh, 's ann a tha clàradh a' dì-mhisneachadh cladhach àirseachail. Feumaidh arceòlaichean a tha ag iarraidh cladhach air làrach chlàraichte cead bhon uachdaran agus an neach-còmhnaidh, a thuilleadh air CCC, a dh'fhaodas gearain a thogail bhon uachdaran agus luchd-còmhnaidh.



Chan eil clàradh ag atharrachadh an roghainn farsaing de sholarachaidhean airson cothrom a thoirt dhan phoball faighinn air fearann ann an Còda Ruigsinneachd Alba A-muigh (faic <www.outdooraccess-scotland.com>).

CEANGALAIICHEAN

Airson carraighean clàraichte

Cuir ceistean sam bith air post-d gu hs.inspectorate@scotland.gsi.gov.uk no sgrìobh thugainn aig an t-seòladh againn gu h-ìseal. Cuidichidh e sinn gus dèiligeadh ris a' cheist agad nas èifeachdaiche ma thèid agad air innse dhuinn dè an t-ùghdarras ionadail sa bheil an làrach agus an t-iomradh grid nàiseanta aige a thoirt seachad agus/no an t-ainm clàraichte agus an àireamh aige.

Luchd-sgrùdaidh Alba Aosmhor
Taigh Longmore
Ionad Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

Fòn 0131 668 8770
(stiuireadh làraich no mu dheidhinn pròiseas cead carragh clàraichte)

Fòn 0131 668 8766
(pròiseas clàraidh)

Fòn 0131 668 8716
(tabhartasan airson làraichean àirseachail agus carraighean)

Mu dheidhinn làraichean nach eil clàraichte, no mura bheil fios agad taobh seach taobh

Faodaidh arceòlaiche na comhairle no seirbheis arceòlas agad tuilleadh comhairle a thoirt dhut mu dheidhinn làraichean àirseachail neo-chlàraichte – faic <www.algao.org.uk> airson buill de Chomann oifigearan Àirseachail Ùghdarras Ionadail ann an Alba, no cuir fios chun an ùghdarras ionadail agad.

Mu dheidhinn an lagh air faodail agus aithris luirg

Airson aithris air stuthan a chaidh a lorg no airson tuilleadh fiosrachaidh, cur fios gu:

Aonad Faodail
c/o Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
Sràid nan Seòmraichean
Dùn Èideann
EH1 1JF
Fòn 0131 247 4082/435
info@treasuretrovescotland.co.uk

Mu dheidhinn ceumannan àrainneachd eachdraidheil ann am Prògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba

Cur fios chun an oifis RSPDRA ionadail agad (Roinn Sgrùdaidhean Phàighidhean Dùthchail Riaghaltas na h-Alba) airson comhairle air tobraichean maoinachaidh airson ceumannan àrainneachd eachdraidheil ann am prògram leasachaidh dùthchail na h-Alba: <www.scotland.gov.uk/Topics/Agriculture/Aocontacts/contacts>

Gearanan rianachd

Tha Achd Ombudsman Sheirbheisean Poblach na h-Alba 2002 a' tairgsinn dòigh shìmplidh agus èifeachdach far am faod buill dhen phoball gearanan a dhèanamh mu mhì-rianachd agus libhrigeadh seirbheis ag èirigh bho ghnìomhan nan ùghdarrasan poblach ann an Alba.

Faodar gearan a dhèanamh le neach-gearain (no an riochdaire aca, nam measg am BPA no an comhairliche ionadail) air taobh a-staigh 12 mìos chun an latha às dèidh dhan neach-gearain rabhadh fhaighinn mun ghearain. Faodaidh tu fios a chur chun an Ombudsman aig an t-seòladh a leanas:

Ombudsman Sheirbheisean Poblach na h-Alba
Saor-phost EH641
Dùn Èideann
EH3 0BR
enquiries@scottishombudsman.org.uk

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Am measg foillseachaidhean a tha rim faotainn bho Alba Aosmhor tha na leanas:

- *Scottish Historic Environment Policy*
- *Grants for Ancient Monuments. A Guide to Grants Available for the Maintenance and Management of Ancient Monuments*
- *Managing Scotland's Archaeological Heritage. A Guide to the Management of Archaeological Sites for Owners, Land Managers and Others*
- *Archaeology on Farm and Croft*
- *Carved Stones of Scotland: A Guide to Helping in their Protection*
- *Carved Stones: Scottish Executive Policy and Guidance*
- *Scotland's Listed Buildings: What Listing Means to Owners and Occupiers*
- *Metal Detecting, Scheduled Monuments and the Law*
- *Historic Shipwrecks. A Guide for Visitors, Investigators and Managers*

Fòn 0131 668 8669

hs.conservation.bureau@scotland.gsi.gov.uk

Faodar tuilleadh a leughadh mun reachdas a tha air ainmeachadh an seo aig:

The Ancient Monuments and Archaeological Areas Act 1979

The Ancient Monuments (Class Consents) (Scotland) Order 1996

